

Creideamh

OIDHCHE bha siud bha seann chailleach a' falbh dhachaigh bho Chomanachadh air an Tairbeart. Bha slighe fhada roimhe agus bha i glé sgith. An uair a bha i a' dol thairis air monadh dorcha doilleir, nach ann a thuit ceò, agus cha robh aice air ach suidhe sìos far an robh i.

Bha am boireannach bochd glé sgith agus ann an ùine ghoirid thuit i 'na cadal.

Thàinig a' mhadainn, ach cha do dhùisg ise. Thachair do shealgair a bhith a muigh air a' mhonadh agus, a' faicinn na caillich, thog e a ghunna air son losgadh oirre, agus e 'ga gabhail

an àite feidh, ach cha robh e cus ro-chinnteach. Leag e an gunna agus smaoinich e. Choisich e suas gus an rud a bha ann, agus cha mhór nach do leum a dha shùil as a cheann an uair a dhearc e gur e boireannach beò a bha seo. Dhùisg ise. Dh'innis e dhi mar a theab e losgadh oirre.

"A!" arsa a' chailleach, "bha fhios agamsa dé bu choireach nach do loisg thu orm. Chuir mise m'earbsa ann an Dia mun deach mi a chadal, agus bha fios agam gun cumadh e mi bho gach cunnart!"

MORAG NICCHOINNICH

(Acadamaidh Rìoghail Inbhir-Nis.)

Eilean Bhatarsaidh

Is e eilean Bhatarsaidh aon de na h-eileanan as lugha de na h-Eileanan an Iar anns a bheil daoine a' fuireach. Tha an t-eilean seo fad as an rathad. Chan 'eil bùithean ann idir, agus feumaidh na daoine a dhol tarsainn air mu mhìle de shàile mun faigh iad biadh. Uairean-nan anns a' gheamhradh an uair a bhios an tìde dona, bidh iad suas ri seachdain mun faigh iad a dh'iarraidh bìdh agus gach nì eile a bhios a dhìth orra.

Chan 'eil anns an eilean ach aon sgoil agus aon eaglais. Is e croitearan a tha anns a' chuid as mo de na daoine, oir chan 'eil obair air bith eile anns an eilean. Ach ged tha Bhatarsaidh cho fad as, bidh iomadh cuairtear a' tighinn ann as t-samhradh, agus bidh iad uile a' moladh an àite.

MAIRI NICGHILLEATHAIN.

(Acadamaidh Rìoghail Inbhir-Nis.)

Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir

IS iomadh deagh òran agus bàrdachd a leugh mi, ach is e na h-òrain aig Donnchadh Bàn a b'fheàrr a chòrd rium na òrain sam bith a chuala mi riamh.

Rugadh Donnchadh Bàn an Gleann Urchaidh, agus chuir e seachad a' chuid a bu mhò de a òige an sin. Is ann mu na h-àitean sin a rinn e gu leòr de na dàin bhreagha aige. Cha deach Donnchadh Bàn do'n sgoil riamh, ach cha robh e gun fhòghlum a thaobh sin. Cha robh lus no flùr no eadhon bad fraoich nach togadh a aire.

Ach is e an rud a b'fheàrr le Donnchadh Bàn a bhith a' sealg. Is ann mu na féidh agus na frithéan a rinn e gu leòr de na h-òrain mhaiseach aige—"Beinn Dóbhraín," "Cumha Choire Cheathaich," agus iomadh òran eile. Rinn e òran mu'n ghnunna aige, "Nic Coiseam," cuideachd.

Ach is e an t-òran a b'fheàrr leam fhéin de na h-òrain aige air fad, "Cead Deireannach nam Beann." Rinn e an t-òran seo an uair a chaidh e air feadh frithéan a òige air son an turuis mu

dheireadh. Ann an toiseach an dàin seo tha Donnchadh Bàn ag innse mu'n t-sealladh éibhinn a bha e a' faighinn an uair a bha e a' sealg.

B'e siud an sealladh éibhinn,
Bhith 'g imeachd air na sléibhtean,
Nuair bhiodh a' ghrian ag éirigh,
'S a bhiodh na féidh a' langanaich.

Chì sinn cuideachd anns an rann mu dheireadh cho toilichte is a bha e a' fàgail a bheannachd aig na frithéan.

Na blàran a bha priseil,
'S na fàsaichean bha lionmhor,
O's àit a leig mi dhìom iad,
Gu bràth mo mhìle beannachd leo.

Mar sin, tha Donnchadh Bàn r'a mholadh air son nan òran matha a rinn e, agus fhad is a mhaireas cainnt na Gàidhlig mairidh òrain agus ainm an duine mhaith seo air a' Ghaidhealtachd.

IAIN MURPHAIDH

(Acadamaidh Rìoghail Inbhir-Nis.)